

Gnè: Tha sinn gu lèir den aon t-seòrsa

Cothromach no Mì-chothromach?

A bheil na suidheachaidhean air na cairtean seo Cothromach, Mì-chothromach no a bheil sibh Mì-chinnteach? Dèanaibh deasbad agus seòrsaichibh na cairtean gu h-ìosal:-

Cothromach

Mì-chothromach

Mì-chinnteach

Gnè: Suidheachaidhean

Geàrr na cairtean suas agus seòrsaich iad dha na cearcaill air an duilleig eile:-

1. Nuair a bhios a' chlann a' seasamh ann an sreath aig àm-lòin 's e na nigheanan a bhios aig an toiseach.

3. Ann am bùth nan dèideagan tha roinn ann do nigheanan làn de bhana-phrionnsaichean agus aodach pinc agus dealrach agus roinn do bhalaich làn fhigearan gnìomha, spèileabòrdan agus bhaidhsagalan.

2. Tha an t-èideadh-sgoile an aon rud dha na h-uile.

4. Bidh daoine a' ràdh ri nigheanan gun toigh leotha am falt aca, no gu bheil aodach snog orra. Bidh daoine a' ràdh ri balaich gu bheil iad math air rudan a dhèanamh.

Gnè: Suidheachaidhean

Geàrr na cairtean suas agus seòrsaich iad dha na cearcaill air an duilleig eile:-

5. Ann an sgoil-àraich bidh cromagan-còta na nigheanan pinc agus bidh cromagan-còta nam balach gorm.

7. Às deidh na sgoile tha còidse aig sgioba ball-coise nam balach. Chan eil còidse aig sgioba nan nigheanan.

6. San dachaigh aca bu chòir gum bi gach pàiste a' cuideachadh.

8. Tha pàiste ùr air tighinn dhan sgoil, thuirt cuideigin gur e balach a th' ann ach tha am pàiste ùr ag ràdh gur e Ellie a th' orra. Cha fhreagair Ellie ceistean mar "An e balach no nighean a th' annad?" Tha feadhainn de na gillean a' tòiseachadh air magadh air Ellie.

Gnè: Suidheachaidhean

Geàrr na cairtean suas agus seòrsaich iad dha na cearcaill air an duilleig eile:-

9. Sa chlas, nuair a bhios nigheanan a' bruidhinn fhad 's a tha iad ag obair tha sin ceart gu leòr, nuair a bhruidhneas na balaich thathar ag iarraidh orra na guthan aca a chumail sìos.

11. Sa bhùth-aodaich chan eil roinnean fa leth do bhalaich agus nigheanan ann a-nis. Chan eil ann ach tòrr aodach agus faodaidh a' chlann an rud a thogras iad a thaghadh.

10. Bidh an tidsear a' toirt air a' chloinn suidhe balach/nighean oir tha i a' ràdh gum bi na balaich ri mì-mhodh nuair a bhios iad a' suidhe còmhla.

12. Tha an tidsear a' radh gun tig aig a' chlann air fad air cuspairean a dhèanamh gu co-ionnann.

Gnè: Suidheachaidhean

Geàrr na cairtean suas agus seòrsaich iad dha na cearcaill air an duilleig eile:-

13. Tha cothrom aig a h-uile pàiste sa chlas pàirt a ghabhail ann an obair sam bith, chan eil a leithid de rud ann ri obair nigheanan no obair bhalach.

15. Bidh a' chlann gu lèir a' cluich còmhla gu math, chan eil e gu diofar dè an gnè.

14. Nuair a bhios an tidsear ag iarraidh cuideachadh bho chuideigin 's e nigheanan bhios i a' taghadh.